



SQA Gàidhlig agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Nàiseanta 4 agus 5 (Àrd-sgoil)

Marilyn Waters, Alasdair Bauld & Dòmhnall MacAoidh

(Feasgar Diciadain a-mhàin)

Tha e an urra ri SQA na Teisteanasan Nàiseanta ùra a tha a' tighinn a-steach gu taic a chur ri CfE a leasachadh agus a libhrigeadh.

Tro leasachadh gach teisteanais tha SQA air co-chomhairle a chumail ri luchd-cleachdaidh agus eòlaichean cuspair agus na teisteanasan as fheàrr a ghabhas a chruthachadh. An lùib seo chaidh prìomh sgrìobhainnean airson gach teisteanais fhoillseachadh agus fios air ais iarraidh. Tha na sgrìobhainnean a' còmhach feallsanachd, sònrachadh agus òrdachadh measadh gach Cùrsa agus Aonaid thairis air gach cuspair agus ìre.

Bheir Marilyn, Alasdair agus Dòmhnall am fios as ùire seachad airson nan raointean cuspair gu h-àrd, agus coimheadaidh iad ri riathanasan measadh aonaid anns gach cuspair. Cuideachd, bheir Marilyn am fios as ùire do riochdairean air taic SQA airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre Nas Àirde. Bidh cothrom gu leòr ann bruidhinn mu na prìomh chùisean agus ceistean a thogail.

Nobhailean - A' brosnachadh sgrìobhadh cruthachail

Chrisella Ros, Caron NicFhionghain

(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Bheir a' bhùth-obrach seo sùil air na ceumannan riathanach ann a bhith a' sgrìobhadh sgeulachd chruthachail agus air carson a bhios tidsearan a' cleachdadh sgrìobhadh sgeulachd chruthachail. Tha Chrisella agus Caron le chèile nan ùghdaran.

Seallaidh iad diofar stoidhlichean sgrìobhadh cruthachail agus mar a bu chòir sgeulachdan a thogail agus caractaran a leasachadh.

Cuideachd, bidh còmhradh ann mu dòighean sam bi sgrìobhadh cruthachail a' cuideachadh gus sgilean cànan, gràmar, litearrachd, litreachd agus cleachdadh ghnàthasan-cainnt a leasachadh.

A' measadh litreachas aig Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach (Luchd-ionnsachaidh a-mhàin)

Dòmhnall Iain MacIomhair

(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Aig a' bhùth-obrach seo nithear sgrùdadh air litreachas a tha freagarrach airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach. Coimheadaidh luchd-compàirt air diofar sheòrsaichean litreachais a bhiodh freagarrach aig an ìre seo agus na sgilean a thathar a' sùileachadh bho sgoilearan/slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson ìre sgoileir a mheas.

Ann am buidhnean, coimheadaidh tidsearan air obair a sgrìobh sgoilearan ann an suidheachadh deuchainn bho chionn ghoirid agus nì iad measadh air na piosan obrach.

Bidh an t-Àrd-neach-measaidh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) os cionn na bùth-obrach airson co-dhùnaidhean agus comhairle a thoirt dha na buidhnean.

Bidh cothrom ann do thidsearan bruidhinn mu litreachas sònraichte a tha air obrachadh gu math dhaibhsan anns a' chlas.



Cruthaich Leabhraichean-d eadar-ghnìomhail

Dòmhnall Dòmhnallach

(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Rannsaichidh a' bhùth-obrach seo nas urrainn leabhraichean-d a chur ri ionnsachadh, a' cleachdadh teacsa bhon Chogadh Mhòr mar eisimpleir.

Thèid sealltainn do chom-pàirtichean mar a dh'ullaicheas iad teacsa agus iomhaighean, mar a thogas agus a dheasaicheas iad audio, agus mar a dh'fhoillsicheas iad leabhar fìor shìmplidh air grunn innealan-d (fònaichean, tablets agus coimpiutairean).

Annas gach ceum den phròiseas cha tèid a chleachdadh ach bathar-bog an-asgaidh, ach am faigh nas urrainn de sgoiltean air na dòighean a thèid a shealltainn fheuchainn gun chosgaisean a bharrachd a thighinn orra.

Cuideachd, bheir a' bhùth-obrach sùil sgiobalta air teicneòlasan air-loidhne a tha ùr no ri thighinn.

Ceumannan

Màiri NicRisnidh

(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Gheibh riochdairean tar-shealladh air an t-sreath Ceumannan agus bidh cothrom ann còmhraidh mun leabhar Ceumannan 4 a chaidh a sgaoileadh o chionn ghoirid.

Thèid feartan a shealltainn do riochdairean bho gach leabhar san t-sreath, bhon làrach-lìn eadar-ghnìomhail agus bho na stuthan èisteachd a tha an lùib an inneal ionnsachadh cànan farsaing seo.

Cuideachd, ann am buidhnean, bidh cothrom aig tidsearan suidheachaidhean clasrum aig ìrean freagarrach a dheasbad agus a chruthachadh, a' cleachdadh an leabhair.

Frèam cànan airson Gàidhlig

D I MacLeòid, Shona NicCarraig

(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Sa bhùth-obrach seo canaidh D I MacLeòid facal goirid mu carson a tha feum air frèam cànan agus seallaidh e mar a tha obair cànan a' ceangal a-steach ri CfE agus ri leithid Mìrean.

Bheir e tarraing air an obair a chaidh a dhèanamh ann am bhùth-obrach na bun-sgoile agus an uair sin bidh cothrom aig riochdairean innse dè na h-uireasbhaidhean a tha iadsan a' faicinn ann an Gàidhlig nan sgoilearan agus iad siud fhigh a-steach dhan fhrèam airson ìrean 3 agus 4.

Ann am buidhnean, obraichidh riochdairean air dreachd den fhrèam, gu h-àraidh bho thaobh dòighean-teagaisg agus nan stuthan a tha a dhìth.

Cuiridh Seona NicCarraig ris a' bhùth-obrach bho shealladh an tidseir sa chlasrum.

Annas a' bhùth-obrach seo gheibh tidsearan bun-sgoile a dh'fheumas PE a theagasg an cothrom eòlas a chur air gnìomhan PE a ghabhas dèanamh sa chlasrum no san raon-chluiche. Tro bhith a' cur eòlas air na gnìomhan cuiridh iad eòlas cuideachd air a' bhriathrachas a bu choir dhaibh cleachdadh.